If you are considering Gaelic Medium Education for your child in the Western Isles and have any questions or would just like more information about Gaelic Medium Education and its benefits, please do not hesitate to contact Iona Mactaggart, Gaelic Medium Officer, Comunn na Gàidhlig, Stornoway for more information and advice.
Iona can be contacted on 01851 701802, iona@cnag.org.uk



Uibhist a Deas is Èirisgeigh a' togail duais, "Coimhearsnachd Ghàidhlig na Bliadhna 2011"

Chaidh duais, "Coimhearsnachd Ghàidhlig na Bliadhna 2011" a bhuileachadh air riochdairean à Uibhist a Deas is Èirisgeigh, le Alasdair Allan BPA, Ministear airson Ionnsachadh is Sgilean le uallach cuideachd airson Gàidhlig is Albais aig tachartas air Dihaoine 18 Samhain. A thuilleadh air an tiotal, ghlèidh a' choimhearsnachd cuideachd seic airson £3,000.

Tha tagraidhean chun fharpais, a th'air a ruith le Comunn na Gàidhlig, le taic o Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean, air am measadh air ìre cleachdaidh na Gàidhlig aig ìre ionadail, cho follaiseach 's a tha i san sgìre agus cho tric 's a chluinnear i am measg muinntir na sgìre – le cuideam sònraichte ga chuir air cleachdadh Gàidhlig a measg an òigridh.

Bha na brìtheamhan aontaichte gun robh Uibhist a Deas is Èirisgeigh airidh air a' chiad duais airson am fianais a thugadh seachad air mar a bha a' Ghàidhlig ga fighe a-steach, agus mar phàirt chudromach de bheatha làitheil na sgìre.

Thuir Lena Nic'Ilfhiallainn, a tha an sàs an Iomairt Ghàidhlig Uibhist a Deas is Èirisgeigh, a chuir a' choimhearsnachd air adhart airson na duais, "Bidh fios aig mòran gu bheil a' Ghàidhlig làidir san sgìre a tha seo, ach cha b'ann air an sin a steidhich sinn ar tagradh chun an fharpais seo idir. Thog sinne fianais air a an obair a tha ga dhèanamh an dràsta gus àite na Gàidhlig a neartachadh aig an àm a tha seo, agus gu sònraichte cothroman ùra chruthachadh dha na Gàidheil thighinn còmhla gus a' chànan a cleachdadh."

Thuir an t-Oll. Alasdair Allan, "Tha mi glan air mo dhòigh an cothrom fhaighinn an duais a tha seo a bhuileachadh air coimhearsnachd Uibhist a Deas is Èirisgeigh, a' toirt aithne dhan obair a tha iad a' dèanamh gus a' Ghàidhlig a chumail agus gu dearbha a leasachadh, gu sònraichte am measg an òigridh.

"Tha na brìtheamhan air aithneachadh gur e coimhearsnachd a tha seo a tha mothachail gu feum a' Ghàidhlig a bhith air a fighe a-steach gu h-iomlan a' bheatha làitheil na coimhearsnachd, agus gu feum seo a bhith aig ìre subsainteach, ma tha iad dha-rìreabh, mar a tha a' choimhearsnachd sa, airson gum bith an cànan beò san àm ri thighinn.

"Feumar cuideachd meal a naidheachd a chuir air dà choimhearsnachd eile sna h-Eileanan an Iar, sgìre Oighreachd Ghabhsainn, a ghlèidh an darna àite agus sgìre Bhreasclèit, a ghlèidh an treas àite. 'S math a rinn sibh!"

Thuir Ceannard ChnaG Dòmhnall MacNèill: "Tha fios againn gum bheil gu leòr a dhaoine, air feadh na Gàidhealtachd is Alba air fàd, a' dèanamh an dicheall às leth na Gàidhlig, is tha e a' toirt toileachas mòr dhuinne a bhith ann an comas an saothair seo aithneachadh tron fharpais seo. Mhìnich Uibhist a Deas is Èirisgeigh dha na brìtheamhan mar a tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh a measg seann is òg, agus aig a h-uile ìre de bheatha na coimhearsnachd, bhon àit'-obrach, chun sgoil, is clubaichean-òigridh."



Alasdair Allan BPA, Ministear airson Ionnsachadh is Sgilean a' toirt duais, "Coimhearsnachd Ghàidhlig na Bliadhna 2011" do riochdairean bho Iomairt Ghàidhlig Uibhist a Deas is Èirisgeigh. Alasdair Allan MSP, Minister for Learning and Skills presents the 2011 Gaelic Community of the Year award to representatives from Iomairt Ghàidhlig Uibhist a Deas is Èirisgeigh, Mary Ann Campbell, Lena MacLellan and Shona Mackay. Also in picture is Calum Iain Macleod, Comunn na Gàidhlig.

South Uist and Eriskay presented with the Gaelic Community of the Year 2011 award

Gaelic Community of the Year 2011, were presented with their award and a cheque for £3,000 by Alasdair Allan MSP, the Scottish Government Minister for Learning and Skills with responsibility for Gaelic and Scots, at a ceremony on Friday 18th November.

Nominations to the competition, which is run by Comunn na Gàidhlig, with support from Highlands and Islands Enterprise, are assessed on the use of Gaelic at each local level, the profile of the language within the communities, and how frequently Gaelic can be heard being spoken by local people – with special priority given to use among young people.

The judges this year were unanimous that South Uist and Eriskay be awarded first place on the basis of the evidence provided that Gaelic was an integral and important part of daily life within the community.



HIE wishes a happy and prosperous 2012 to everyone living and working in the Highlands and Islands.

Tha Iomairt
gum bidh
nea

Lena MacLellan, who is a member of Iomairt Ghàidhlig Uibhist a Deas agus Èirisgeigh, which nominated the community for the Award said, “Many will know that Gaelic is strong in this area, but that wasn’t the basis of this application. We focussed on all the things being done at the moment to strengthen Gaelic and particularly to create new opportunities for Gaelic speakers to come together and use the language.”

Dr Alasdair Allan MSP, said, “I was delighted to be able to present this award to the community of South Uist and Eriskay, to recognise the work they are doing to maintain and develop the Gaelic language, particularly amongst young people.

“The judges have recognised that this is a community which understands that Gaelic has to be mainstreamed into every aspect of the community’s daily life, and that this has to go beyond tokenism if they are to be serious, as they clearly are, about the language having a future.

“Congratulations must also go to the two other communities in the Western Isles in Galson and Breasclete, who were awarded second and third prize respectively. Mealaibh ur naidheachd!”

CnaG chief executive Donald MacNeill said: “We know that many people, within the Highlands and Islands, and Scotland as a whole, are working hard for Gaelic, and we are delighted to be able to reward some of these efforts through this competition. South Uist and Eriskay demonstrated to the judges how Gaelic is used amongst young and old, and at every level of daily life, from the workplace to the school and clubs for younger people.”



Leugh Leabhar

Annas a’ bhliadhna ùir, bidh Comhairle nan Leabhraichean a’ ruith iomairt ùr, ‘Leugh Leabhar,’ airson clubaichean leabhraichean a stèidheachadh air feadh Alba. Tha sinn airson cothrom a thoirt do leughadairean Gàidhlig – fileantaich agus luchd-ionnsachaidh - bruidhinn mu dheidhinn leabhraichean anns an sgìre aca fhèin.

Tha Comhairle nan Leabhraichean air pasgan-taic ullachadh airson clubaichean ùra, anns a bheil nòtaichean air mar a thèid club a ruith agus liosta de leabhraichean Gàidhlig a bhiodh freagarrach airson deasbad. Bheir sinn taic do chlubaichean a thaobh sanasachd agus cuiridh sinn fiosrachadh mun deidhinn anns a’ chuart-litir agus air an làrach-lìn againn.

Gheibh clubaichean ùra trì lethbhric den a’ chiad leabhar a thaghas iad saor `s an-asgaidh agus eisimpleirean de cheistean mu dheidhinn an leabhair airson a’ chòmhradh a chumail a’ dol.

Às dèidh a’ chiad choinneamh aca, gheibh clubaichean lasachadh-prìse bho Chomhairle nan Leabhraichean air na tiotalan a bhios iad a’ deasbad gach mìos.

Nam biodh ùidh aig duine no buidheann sam bith ann an club a thòiseachadh agus a ruith anns an sgìre aca, bu chòir dhaibh fios a chur gu shelagh@gaelicbooks.net, no fòn a chur thugainn air 0141 337 6211.



New Book Clubs to be established across Scotland

In the new year, the Gaelic Books Council will be running a new campaign, ‘Leugh Leabhar’ (Read a Book), to establish book clubs throughout Scotland. We aim to give Gaelic readers – both fluent and learners – the opportunity to discuss Gaelic books in their local area.

The Gaelic Books Council has prepared a support pack for new clubs, which contains notes on running a book club and a list of Gaelic books which would be suitable for discussion. We will also provide clubs with marketing support and will advertise them in our newsletter and on our website.

New clubs will receive three free copies of the first book they choose to discuss, as well as sample questions about the book to keep the discussion going.

After their first meeting, clubs will receive a discount on the titles they choose each month from the Gaelic Books Council.

If any individual or group would be interested in establishing and running a book club in their local area, they should get in touch either via email at shelagh@gaelicbooks.net, or by phone on 0141 337 6211.

**Part na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' guidhe
n 2012 na bliadhna shoirbheachail do gach
ch a' fuireach 's ag obair air feadh a'
Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan**



Ofcom a' Suidheachadh Cathraiche ur air MG ALBA

Chaidh Magaidh Choineagan a suidheachadh le Ofcom mar an Cathraiche ùr air MG ALBA, am buidheann a tha an urra ri bhith a' maoineachadh phrògraman Gàidhlig. Tòisichidh i san dreuchd, a mhaireas ceithir bliadhna, aig toiseach an Iuchair 2012.

Chuir Rùnaire na Stàite airson Alba, le taic bho Rùnaire a' Chaibineit an Alba airson Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha an taic ris an t-suidheachadh an dèidh pròiseas suidheachaidh agus taghaidh neo-eisimeileich a bhith air a chumail le Ofcom an Alba.



Bidh Magaidh Choineagan a' gabhail a-null bho Alasdair Moireasdan a bha na Cathraiche on Iuchair 2008. Rè an ama seo chuir MG ALBA an seanail BBC ALBA air chois ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Chuireadh an seanail air Freeview san Ògmhios 2011.

Tha Magaidh Choineagan an-dràsta ag obair mar choidse cheannardais an lùib Perform2Succeed. Bha i na ceannard air Radio Scotland eadar 2000 is 2004 agus na Co-Cheannard air Prògraman is Seirbheisean, BBC Scotland eadar 2005 is 2009. Bha i an sàs ann an grunnan dhreuchdan eile an lùib BBC Scotland bho 1979, nam measg sin, na Rùnaire a' toirt taic do Chomhairle Craolaidh na h-Alba. Tha i fileanta sa Ghàidhlig.

Thuirtear Magaidh Choineagan: "Tha mi air leth toilichte a bhith air mo shuidheachadh san dreuchd seo agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri bòrd MG ALBA a' togail air an obair mhòr a rinn Alasdair thar nan trì bliadhna gu leth a chaidh seachad, àm anns an deach BBC ALBA a chur air chois."

Ann a bhith a' cur fàilte air a suidheachadh san dreuchd ùir, thuirtear Colette Bowe, Cathraiche Ofcom: "Ann am Magaidh Choineagan tha sinn a' faighinn an dà chuid, àrd eòlas ann an obair-craolaidh agus dealas a thaobh na Gàidhlig san àm ri teachd."

"Tha mi fhèin agus na tha còmhla rium air Ofcom a' guidhe gach soirbheachas dhi ann a bhith a' toirt air adhart a h-amasan a thaobh craoladh Gàidhlig."

"Bu math leam cuideachd às leth Ofcom ar taing a chur an cèill airson na h-obrach mhòir a rinn Alasdair Moireasdan ann a bhith a' cur ri soirbheachas craoladh Gàidhlig fhad 's a bha e na Cathraiche, gu sònraichte an lùib a bhith a' suidheachadh BBC ALBA."

Thuirtear Micheal Moore, BP, Rùnaire na Stàite airson Alba: "Bu mhath leam meal an naidheachd a chur air Magaidh Choineagan airson a bhith soirbheachail ann a bhith air a suidheachadh mar Cathraiche air MG ALBA. Tha mi cinnteach gum bi an t-eòlas a fhuair i thar 15 bliadhna fhad 's a bha i na h-àrd-oifigear aig a' BhBC air leth feumail dhi san dreuchd ùir seo."

Thuirtear Micheal Ruiseal, BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha an Alba: "Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a chùim àm ri teachd a bhios seasmhach agus soirbheachail a bhith aig a' Ghàidhlig ann an Alba agus tha àite air leth riatanach aig MG ALBA, air a stiùireadh le daoine dicheallach, lèirsinneach mar Magaidh Choineagan, ann a bhith a' toirt sin gu buil."

"Tha mi dhan bheachd gu bheil na sgilean iomchaidh aig a' Bhean-ualas Choineagan an dreuchd seo a ghabhail thairis agus leantainn oirre leis an deagh adhartas a tha MG ALBA air a dhèanamh ann an com-pàirteachas le BBC Alba."

Ofcom appoints new chairman for MG ALBA

Maggie Cunningham has been appointed by Ofcom as the new Chairman of MG ALBA, the body responsible for funding Gaelic programming. She will take up the four-year appointment at the beginning of July 2012.

The appointment was approved by the Secretary of State for Scotland, supported by Scotland's Cabinet Secretary for Education and Lifelong Learning following an independent appointment and selection process undertaken by Ofcom in Scotland.

Maggie Cunningham takes over from Alasdair Morrison who has served as Chairman since July 2008. During this period MG ALBA launched the BBC ALBA channel in partnership with the BBC. The channel became available on Freeview in June, 2011.

Maggie Cunningham is currently an executive and leadership coach with Perform2Succeed. She was Head of Radio Scotland from 2000 to 2004 and Joint Head of Programmes and Services, BBC Scotland from 2005 to 2009. She has carried out a number of other roles with BBC Scotland since 1979 including as Secretary supporting the Broadcasting Council for Scotland. She is a fluent Gaelic speaker.

Maggie Cunningham said: "I am delighted to be appointed and look forward to working with the board of MG ALBA to build upon Alasdair's considerable contribution over the past three and a half years which has seen the launch of BBC ALBA."

Welcoming the appointment, Colette Bowe, Chairman of Ofcom, said: "Maggie Cunningham combines senior broadcasting experience with a commitment to the future of the Gaelic language."

"My colleagues in Ofcom join me in wishing her every success in taking forward her vision for Gaelic broadcasting."

"I would also like to record the gratitude of Ofcom for the significant role played by Alasdair Morrison in furthering the cause of Gaelic broadcasting during his term as Chairman, particularly in the establishment of BBC ALBA."

Michael Moore, MP, Secretary of State for Scotland, said: "I would like to congratulate Maggie Cunningham on her successful appointment as MG ALBA Chairman. I am sure that her experience gained over 15 years as a senior BBC executive, will no doubt stand her in good stead as she takes up this appointment."

Michael Russell MSP, Cabinet Secretary for Education and Lifelong Learning, said: "The Scottish Government is committed to a sustainable and vibrant future for Gaelic in Scotland and MG ALBA, driven by committed individuals like Maggie Cunningham, are a key part of making that a reality."

"I believe Ms Cunningham has the right skills to step into the role and build on the good progress that MG ALBA has made in partnership with BBC Scotland."



LearnGaelic.net

Tha Clì, am buidheann nàiseanta a bhios a' coimhead às dèidh feumalachdan inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, air leth toilichte innse dhuibh gu bheil an làrach-lìn ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig www.learnghaelic.net a-nis beò!

Tha sgioba shònraichte le riochdachadh bhon BhBC, MG ALBA, Bòrd na Gàidhlig, Bòrd na Ceiltis (Alba) agus Sabhal Mòr Ostaig a' stiùireadh a' phròiseict agus tha Clì moiteil a bhith an sàs ann cuideachd.

Tha LearnGaelic ag amas air a bhith a' toirt ri chèile san aon àite, taghadh de ghòireasan do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Am measg nan nithean a bhios rim faotainn bidh taghadh de phrògraman agus de stuthan eadar-obrachail a' BhBC do chloinn is inbhich, faclair is co-fhaclair ùr, agus comhairle a thaobh a bhith a' labhairt na Gàidhlig.

Tha Clì an dòchas gum fàs LearnGaelic gu bhith na phrìomh stòras do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus gum brosnach is gum misnich e daoine aig a h-uile ìre. Mealaibh is cleachdaibh!


LearnGaelic.net

Clì, the national organisation that looks after the needs of the adult Gaelic learner, is delighted to inform you that the new website for Gaelic learners www.learnghaelic.net is now live! A dedicated team from the BBC, MG ALBA, Bòrd na Gàidhlig, Board of Celtic Studies and Sabhal Mòr Ostaig are directing the project and we are proud to play a part too.

LearnGaelic aims to pull a wealth of resources for Gaelic learners together in one place. Among the facilities available are a wide range of BBC programmes and interactive resources for both children and adults, a new dictionary and thesaurus, and advice for speakers. It is Clì's hope that the LearnGaelic will become a key resource for Gaelic learners, encouraging and provide direction for people at all levels of fluency. Mealaibh is caithibh!

Freephone Helpline: 0800 – 171 – 2994 | Contact: mairi@learnghaelic.net

LearnGaelic.net is a one-stop shop for anyone and everyone interested in learning Scottish Gaelic. Whatever stage you are at, and whatever age you are, all the help you need is just a click away at **LearnGaelic.net**



A partnership of • Bòrd na Gàidhlig | MG ALBA | BBC | Board of Celtic Studies Scotland | Sabhal Mòr Ostaig

in co-operation with • An Fòras Bèig | Clann | Clì Gàidhlig | Comhairle nan Eilean Siar | Education Scotland | Mòr Media | Open University | Sangeit | SOA | Wèimann | Ùipar

Na mo Chuid Aodaich



Tha a' phròiseact coimhearsnachd seo gu bhith air a chumail ann an Thròndairnis agus ann am Minginis san Eilean Sgitheanach san Gearran 2012. Airson aodach a thabhann cuir fios gu:

This community arts project is to be performed in Trotternish and Minginish in the Isle of Skye in February 2012. To contribute articles of clothing contact:

**Sìne Ghilleasbuig
Lasair (Iomairt Ghàidhlig an Eilein Sgitheanaich)
3 Glas Bheinn, Stafainn IV51 9JZ**

Fòn: 01470 562325, Post-d: sineg@cnag.org

Measgachadh ùr-ghnàthach de dhràma, òrain, sgeulachd is ceòl Gàidhlig a' rannsachadh eachdraidh is buaidh fhasanan thairis air an linn mu dheireadh.

An innovative montage of: Gaelic drama, song, story and music exploring the history and influences of fashion over the last century.

<http://www.gaelic-arts.com/>

CHaidh NA MO CHUID AODAICH A GHairM NA SHOIRBHEACHADH MHÒR

Tha Pròiseact nan Ealan agus An Lèanag (Ionad Cruthachail na Gàidhlig ann an Glaschu) air leth toilichte innse mu shoirbheachadh Na Mo Chuid Aodaich, a ghabh àite ann an Glaschu air an 10mh Dùbhlachd.

Bha seo mar thoradh air co-obrachadh eadar Pròiseact nan Ealan agus An Lèanag, a thàinig còmhla airson tachartas a chur air chois agus airgead a thogail dha Beatson Oncology Centre a fhuair tabhartas de £2,000 a chaidh a thogail bho cìsean inntigidh an luchd-amhairc. Ghabh Valerie Miller, Àrd Bhanaltram aig Ionad Aillse Beatson Taobh Siar Alba an tabhartas às leth an Ionaid agus thuirt i, “Bidh an t-airgead seo na chuideachadh mhòr dhan fheadhainn a tha a’ faighinn cùram aig an Ionad agus dhan teaghlachan.”

B’ e taisbeanadh Ghlaschu a’ chiad fhear ann an sreath ùr de na tachartasan sònraichte seo a tha air dà dhuais a chosnadh agus a thuilleadh air an taisbeanadh bha dealbh-chluich ann, ‘Aodach na Bainnse’ a sgrìobh Christine Combe/Chrisella Ros agus a stiùir Dòmhnall ‘Ryno’ Moireasdan. Bha an taisbeanadh a’ sealltainn liut shònraichte Gàidheil baile Ghlaschu anns an linn mu dheireadh. Anns an taisbeanadh bha cruinneachadh beothaile aodaich bho linn eile agus buill òga bho coimhearsnachd Ghàidhlig Ghlaschu gan sealltainn. Bha Tony Kearney agus Linda NicLeòid a’ toirt cunntas air a’ chùis mar a bha i a’ dol.

Tha soirbheachadh na h-oidhche na theisteanas den fheadhainn a dh’obraich cho cruaidh air cùl chùisean; bho luchd-ullachaidh stèidse gun fheadhainn a bha an urra ri èideachadh is maise-gnùise, is iad uile a’ co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gun robh gach nì a’ dol gu rèidh. Tha taing shònraichte ri dhol gu Norma NicSuain, Iseabail NicLeòid is Mòrag NicChoinnich a bha an urra ri eagrachadh agus ri èideachadh nam modailean sna trusganan àlainn a rinn an taisbeanadh air an àrd ùrlar cho taitneach.

Thuirt Calum MacIll Eain, Stiùiriche Cruthachail PNE, “Tha an tachartas seo na eisimpleir de na rudan mìorbhaileach a dh’fhaodas tachairt nuair a bhios buidhnean Gàidhlig ag obair còmhla ri coimhearsnachdan ionadail. Tha sinn air leth toilichte taisbeanadh taitneach eile a chur ris an t-sreath seo, agus tha e soilleir bho na fiosan a fhuaras air ais carson a tha na taisbeanaidhean sin cho soirbheachail ‘s a tha iad. Chòrd an oidhche ri na h-uile agus air sgàth fialaidheachd luchd-amhairc ann an Glaschu tha sùim mhath airgid a’ dol gu deagh adhbhar eile”.

Tha seo na dheagh ro-shealladh air nithean ri thighinn san Eilean Sgitheanach far am bi an ath chuibhreann den phròiseact a’ gabhail àite sa Bhliadhun’ Ùir, agus airson a bheilear ag ullachadh mu thràth.



NA MO CHUID AODAICH HAILED AS A GREAT SUCCESS

Pròiseact nan Ealan and An Lèanag (the Gaelic Creative Centre in Glasgow) are delighted to announce the success of Na Mo Chuid Aodaich, which took place in Glasgow on the 10th of December.

This was the result of a collaboration between Pròiseact nan Ealan and An Lèanag, who came together to produce the event and to raise funds for the Beatson Oncology Centre, who benefited from a donation of £2000 which was raised from the entry fees from the audience and accepted on behalf of the charity by Valerie Miller, Lead Nurse at the Beatson West of Scotland Cancer Centre who stated that, “The funds will be of great assistance to those who receive care at the Centre and their families.”

The Glasgow show was the first in a brand new series of this double award winning unique event and was a combination of the newly commissioned drama, ‘Aodach na Bainnse’ which was written by Christine Combe/Chrisella Ross and directed by Donald ‘Ryno’ Morrison. The fashion show that followed exhibited the distinct flair of the Highland people of the city of Glasgow throughout the previous century. The show was a vibrant collection of vintage clothing modeled on the catwalk by young members of the Gaelic community of Glasgow, introduced to the appreciative audience by Tony Kearney and Linda MacLeod.

The success of the evening is a testament to those who worked tirelessly behind the scenes; from stage setters, wardrobe and make-up artists, who all worked together to ensure that proceedings went smoothly. Special thanks are to go to Norma Macsween, Ishbel Macleod and Marion Mackenzie who were responsible for organizing and fitting the models in the beautiful outfits that stole the show on the catwalk.

PNE’s Creative Director Malcolm Maclean said of the evening “This event is an example of the great things that can happen when Gàidhlig organizations work in partnership with local communities. We are delighted to add another fantastic show to this series, and it is clear from audience feedback why these shows are as successful as they are. The evening was enjoyed by all, and thanks to a fantastic and generous audience in Glasgow, a substantial sum of money will be going to another good cause”.

This is a great forecast of things to come in Skye, where the next installment of the project is to take place in the New Year, and for which preparations are already underway.



If you have any queries or comments regarding this publication please contact Christina Khan

**Senior Sales Executive, New Century Publishing Group
Tel: 01463 732223 ext. 138 c.khan@ncpg.co.uk**

Tachartasan Beò ~ Taisbeanaidhean ~ Bùthan-obrach



An Lanntair Ionad Ealain - Arts Centre
An t-àite son biadh, deoch & dibhearsan ann an Steòrnabhagh.

The place for food, drink & entertainment in Stornoway.

- Taisbeanaidhean Exhibitions**
- Tachartasan beò Live Events**
- Taigh-dhealbh Cinema**
- Bàr & Taigh-bìdh Bar & Restaurant**
- Bùth Shop**
- Bùthan-obrach Workshops**

Sràid Choinnich Kenneth Street,
Steòrnabhagh Stornoway,
Eilean Leòdhais Isle of Lewis,
Innse Gall Western Isles
01851 703 307 www.lanntair.com



Live Events ~ Exhibitions ~ Workshops

Taigh-dhealbh ~ Cinema ~ Bùth ~ Shop ~ Bàr & Taigh-bìdh ~ Bar & Restaurant

Taigh-dhealbh ~ Cinema ~ Bùth ~ Shop ~ Bàr & Taigh-bìdh ~ Bar & Restaurant

An Lanntair, Steòrnabhagh

Air ar suidheachadh ann am meadhan baile Steòrnabhagh, se an Lanntair an ionad airson prìomh thachartasan Gàidheil an latha an diugh. Thairis a' bhliadhna chaidh seachad tha sinn air aoigheachd a thoirt do Fhèis nam Meadhanan Cheilteach, Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, Deasbad Nàiseanta BT Alba, ar fèill litreachais fhèin, Faclan, agus iomadh taisbeanadh, bùth-obrach agus tachartas beag eile leinn fhèin. Eadar iad seo, tha iad a' tarraing ri chèile nan roinnean cruthachail far am bheil a' Ghàidhlig air a bhrosnachadh 's air a leasachadh – film, ceòl, òraid, litreachas agus nan ealain a tha tuiteam eadar iad seo.

Se adhbhar pròis a tha seo do 'n Lanntair, agus tha sinn air leth moiteil leis cho follaiseach agus a tha seo nar eachdraidh thairis an 26 bliadhna bho dh'fhosgail sinn an toiseach. Mar a tha ar n-ainm a' samhlachadh, se ionad a th' annainn airson iùil agus taic a thoirt do chultar na h-Eileanan an Iar – agus le sin, cultar nan Gàidheil agus a' Ghàidhealtachd air fad. Tha sinn a' coimhead air adhart ri togail air an obair a tha seo sna bliadhnachan air thoiseach oirnn, agus tha sinn an dòchas gum bidh sibh còmhla rinn air an t-slighe.



An Lanntair, Stornoway

is incumbent on Bòrd na Gàidhlig, under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, to prepare a National Gaelic Language Plan and this is an ideal opportunity for making recommendations and acquiring the agreement of the public in relation to the future for Gaelic in Scotland.

There ought to be equal respect between Gaelic and English amongst the public in Scotland, and research has proven that 81% of the people of Scotland do not wish Scotland to lose its Gaelic identity. Gaelic belongs to the whole of Scotland and there is public support for it. Therefore, although Bòrd na Gàidhlig is required to prepare a Gaelic Plan, it is a national initiative and organisations throughout Scotland ought to have a duty to implement the Plan.

Your gateway to growing your business.

Visit www.yourbusinessgateway.co.uk
or call 0845 609 6611

business gateway

Business Gateway services are delivered by Local Authorities, Scottish Enterprise and Scottish Government with the support of associated partner organisations.
Maximum call charge from BT landline is 3p per minute.

A' beachdachadh air tòiseachadh no leudachadh ur gnothachas fhèin? Smaoinich air Slighe Gnothachais.

Ma tha sibh a' beachdachadh air gnothachas a staidheachadh no a leudachadh, le taic air-loidhne agus bùthan-obrach ionadail, 's urrainn dhuinne cuideachadh a thoirt dhuibh gu sgilean agus eòlas fhaighinn a tha riatanach airson soirbheachais. A-thuilleadh, tha luchd-comhairleachaidh againn a shònraicheas dhuibh far a bheil neart agus laigse agus a' soilleireachadh na roghainnean a th'agaibh airson fàs, a bhios na mhisneachd dhuibh ann an àm far a bheil dùbhlain eaconamaiceach. Tha pasgan ionmhais aig Comhairle nan Eilean Siar gu taic a thoirt do gnothachas a tha a' tòiseachadh agus do gnothachasan a tha am beachd leudachadh. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh aig an oifis ionadail airson Slighe Gnothachas Innse Gall.

Thinking of starting or developing your business? Think Business Gateway.

If you're thinking of setting up or growing your business, we can help you gain the skills and knowledge you need to succeed with our online tools and free local workshops. In addition, our advisers can help you identify your strengths and weaknesses and potential options for growth, helping you feel more confident about your business in the current economic climate. Comhairle nan Eilean Siar also has a range of financial packages aimed at supporting business start-ups and existing businesses planning to develop their potential. To find out more about support available contact your local Outer Hebrides Business Gateway office.

Stornoway: **01851-822775** Benbecula: **01870 604917** Daliburgh: **01870 604989** or email businessgateway@cne-siar.gov.uk

Ùlpan - dòigh ùr gus Gàidhlig ionnsachadh no teagasg

Tha Ùlpan rudeigin diofraichte. Bidh e a' lorg fheartan a' cànan bhon taobh a-staigh, gun a bhith a' crochadh air mineachadh no coimeas ri Beurla (no cànan sam bith eile!). The e ag amas air slighe gun bhacaidhean gu siùbhalachd a sholar, tro chleachdadh agus leasachadh bhun-structaran a' chànan, a ghabhas cur gu feum gach latha. Gheibh an t-oileanach comas prataigeach, an àite fear a thigeadh bho theoiric, a chionn 's gum bi na fuaimnean ùra agus dùbhlàn na structaran a' nochdadh mean air mhean tron chùrsa. 'S e eadar-dhealachadh mòr a th' aig Ùlpan agus a leithid de chùrsaichean, stèidhichte air labhairt, gum bi fuaim agus ruitheam a' cànan gan ionnsachadh cuideachd; chan ann a-mhàin eòlas air facail agus mar a chuirear an òrdan iad. Bidh Ùlpan a' leasachadh luathas na h-inntinn cuideachd, gus am bi na h-oileanaich nas cleachdte ri èisteachd gu dlùth agus nas luaithe ann am freagairt. 'S e dòigh bhogaidh a th' innte, agus le sin tha e mar fhiachaibh air a h-uile duine taic a thoirt da chuid ionnsachaidh agus ionnsachadh daoine eile gun a bhith a' bruidhinn ach Gàidhlig fad an t-siubhail. Chan ann ach aig an oide fhèin a tha cead ri beagan Beurla a tha sgrìobhte a chleachdadh aig ìrean sònraichte an leasain.

Duine sam bith a tha miannach air Ùlpan a theagasg, tha aige ri cùrsa-trèanaidh an oide a thoirt gu buil ro-làimh. Gabhaidh dearbhadh le sin gu bheil na sgilean eadar-pearsanta agus practaigeach aige, a cheart cho math ri fileantas gus Ùlpan a libhrigeadh gu h-ìre àird gach turas. Bidh sinn a' tabhann trèanadh a dh'ionnsachadh nan sgilean fad dà latha, mus bi mu 36 uairean a thìde de dh'fhìor theagasg ann ri dhèanamh. Às dèidh a' chùrsa, tha e comasach do dh'oide clàraichte a bhith ga fhadadh: air a cheann fhèin no còmhla ri oidean eile, no airson clasaichean a thoirt seachad do dh'inbhich às leth bhuidhnean san roinn phoblaich, oilthighean 's cholaistean, ùghdarrasan ionadail no aig feadhainn de na buidhnean Gàidhlig.

10 agus 11 Màrt, bidh sinn a' cumail a' chiad Co-labhairt Sgilean Ùlpan a-riamh. 'S ann ann an Glaschu a thachras i agus bidh co-dhiù 48 oidean ùra ag ionnsachadh nan sgilean bunaiteach còmhla. Às dèidh greis, tòisichidh iad air cùrsaichean-trèanaidh air feadh na dùthcha. Ma tha ùidh agad a bhith a' trèanadh aig Co-labhairt Sgilean no le tè eile de na slighean gu teisteanas, ron Mhàrt no às a dhèidh, nach bruidhinn thu ri Caoimhin Rodgers air 0131 541 2126 no aig kevin@ulpan.co.uk

Agus cuimhnich, ma tha thu fhèin, no cuideigin air a bheil thu eòlach, airson Gàidhlig ionnsachadh, nach leig thu fios gu Àdhamh (Adam) Ó Broin aig adhamh@ulpan.co.uk Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn bho: www.ulpan.co.uk



Ùlpan – a fresh way to teach or learn Scottish Gaelic

Ùlpan is a bit different. It explores the language from the inside, without resorting to explanations or comparisons with English (or any other language!). It aims to provide a straightforward route to functional fluency, by practising and developing core structures, which can be directly applied to everyday situations. Through a gradual exposure to new sounds and word combinations, you develop an intuitive ability rather than a theoretical one. A crucial difference with Ùlpan and other oral-based approaches is that the sound and rhythm of the language are absorbed as well, not just knowledge of words and how they fit together. Ùlpan also practises mental dexterity, which leads students to be better tuned at listening, and quicker at formulating responses. It is an immersion method, so everyone is expected to assist their own learning and that of others by maintaining a Gaelic-only environment. The exception to this is a very, very limited amount of scripted English, which is delivered at key stages by the tutor.

Anyone wishing to teach using the Ùlpan system must first undertake a skills-based, practical course to ensure they have sufficient fluency, and the interpersonal and organisational skills to deliver Ùlpan effectively and consistently. Training is offered through two days skills training, followed by around 36 hours of live teaching. Upon completion, successful trainees are registered as Ùlpan tutors and may choose to work: as independents on their own or with other tutors, or on behalf of organisations that offer tuition to adults, such as public sector bodies, universities and colleges, local authorities and some Gaelic organisations.

10-11 March 2012 will see the first ever Ùlpan Skills Conference being held in Glasgow. This two-day event will cater for 48 trainee tutors to undertake the initial part of their training, closely followed by hands-on teaching practice at courses across the country. If you are interested in becoming an Ùlpan tutor through a Skills Conference or by one of the other routes to certification before or after March, please contact Kevin Rodgers on 0131 541 2126 or at kevin@ulpan.co.uk

And don't forget that if you or anybody you know, would like to start learning Gaelic, we help to organise classes too! Contact Àdhamh (Adam) Ó Broin at adhamh@ulpan.co.uk Further information is available from: www.ulpan.co.uk

Please refer to our advert on outside back cover for further information.



Trì. Gu leòr fuil airson beatha leanaban neo-thìdeil a shàbhaladh.

Airson clàradh mar thiodhlagaiche-fala, cuiribh fòn gu
0845 30 17 270 neo thigibh gu www.scotblood.co.uk



GIVE BLOOD



Bhona S4H1
0131
2166
rhananid
@ulpan.co.uk

Tréanadh Úlpan

1. Tha Gàidhlig agam
2. Tha mi airson airgead
3. Rach ann!
a chosnadh



Sgilean Teagasg
10711 Màrt 2011
Glaschu



ulpan.co.uk